

19 Sultain 2023

A phàrant/neach-cùraim chòir,

Anns an Ògmhios 2023, thadhail sgioba luchd-sgrùdaidh bho Fhoghlam Alba air Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis agus Sgoil-àraich. Rè ar turais, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri clann agus dh'obraich sinn gu dlùth leis a' cheannard agus an luchd-obrach.

Fhuair an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile.

- Soirbheachas an luchd-obrach agus pàrantan ann a bhith a' stèidheachadh sgoil Ghàidhlig a tha a' leasachadh fileantachd cloinne sa Ghàidhlig agus ùidh ann an cultar, ceòl agus feartan a' chànain san latha an-diugh.
- Clann a tha comasach air bruidhinn agus a tha dealasach agus misneachail, agus a tha gach latha a' nochdadh an luachan Coibhneas, Dòchas, Spòrs, agus a bhith Deònach. Tha iad air am brosnachadh le cothroman stiùiridh brioghmhor tron Ghàidhlig agus tha iad gu math pròiseil às a' bhun-sgoil aca agus an comas aca dà chànain a bhruidhinn.
- Mothachadh fìor làidir air obair-sgioba san luchd-obrach tarsainn na bun-sgoile agus na sgoil-àraich. Tha na h-inbhich uile ag obair còmhla gu math airson feallsanachd àrachail a chruthachadh agus dàimhean adhartach a bhrosnachadh gus làn bhogadh a neartachadh.
- Sàr phlanadh bhon luchd-teagaisg airson raon farsaing de dh'ionnsachadh thar a' churraicealaim agus sa choimhearsnachd ionadail agus sa choimhearsnachd Ghàidhlig. Tha clann a' togail eòlas agus sgilean domhainn thar ùine tro chothroman coileanadh, eòlasan beairteach stèidhichte air fìor bheatha agus ceanglaichean ri saoghal na h-obrach.
- Anns an sgoil-àraich, an raon farsaing de dh'eòlasan ionnsachaidh tarraingeach air a' bhlàr a-muigh. Tha seo a' cur taic ri fileantachd, mac-meanmna, fuasgladh-cheistean agus sgilean sòisealta na cloinne.

Chaidh na raointean leasachaidh a leanas a chomharrachadh agus chaidh beachdachadh orra leis a' cheannard agus riochdaire bho Chomhairle na Gàidhealtachd.

- Thar na sgoile-àraich agus gu tràth-ìrean na bun-sgoile, bu chòir do luchd-obrach obair gu dlùth còmhla gus tuilleadh modhan ionnsachaidh a leasachadh. Bu chòir dhaibh sin a bhith stèidhichte air prionnsapalan làn bhogaidh, a' gabhail a-steach ionnsachadh stèidhichte air cluich. Bheir seo taic do chlann gus bunait thèarainte a bhith aca sa Ghàidhlig agus togail air an ìre fileantachd aca thar ùine.
- Anns a' bhun-sgoil, bu chòir do àrd-luchd-stiùiridh agus tidsearan cumail orra a' leasachadh agus a' stèidheachadh tuigse cho-roinnte air ìrean agus dùilean a thaobh adhartas is coileanadh chloinne.

- Anns an sgoil-àraich, bu chòir do luchd-obrach cumail orra a' leasachadh am modhan-obrach a thaobh planadh, sgrùdadh adhartas cloinne agus tracadh leasachadh na Gàidhlig tro chluich làn-bhogaidh.

Chrùinnich sinn fianais gus cothrom a thoirt dhuinn luachadh a dhèanamh air obair na sgoile a' cleachdadh ceithir comharran càileachd à [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? An 4mh eagran](#) agus [Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus ar cùram chloinne?](#). Bidh comharran càileachd a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh gus breithneachadh air dè a tha ag obair gu math agus dè a dh'fheumar leasachadh. An dèidh sgrùdadh a dhèanamh air gach sgoil, bidh Riaghaltas na h-Alba a' cruinneachadh fiosrachadh bho na luachaidhean againn gus cunntas a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean ann an Alba a' dèanamh.

Seo luachan Foghlam Alba airson Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis agus Sgoil-àraich

Comharran càileachd airson ìrean na bun-sgoile	Luachadh
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	glè mhath
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	glè mhath
Gheibhear tuairisgeul air na measaidhean aig: Dè cho math 's a tha an sgoil againn? (4^{mh} tionndadh) , Eàrr-ràdh 3: An sgèile sia puing	

Comharran càileachd airson clas na sgoil-àraich	Luachadh
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	math
A' dèanamh cinnteach gun dèan a' chlann adhartas	math
Gheibhear tuairisgeul air na luachaidhean aig: Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus cùram cloinne? Earr-ràdh 1: An sgèile sia puing	

Bidh sgrìobhainn nas mionaidich, air a bheil Geàrr-iomradh air Toraidhean Sgrùdaidh (SIF) ri fhaighinn air làrach-lìn Foghlam Alba aig: [Details](#) | [Find an inspection report](#) | [Find an inspection report](#) | [Inspection and Review](#) | [Education Scotland](#)

Dè thachras a-nis?

Tha sinn cinnteach gu bheil comas aig an sgoil leantainn orra a' leasachadh. Mar thoradh air sin, cha tadhail sinn air an sgoil a-rithist an co-cheangal ris an sgrùdadh seo. Bheir Comhairle na Gàidhealtachd fios do phàrantan/luchd-cùraim mu adhartas na sgoile mar phàirt de na h-ullachaidhean aca airson aithris air càileachd nan sgoiltean aca.

Lisa Marie McDonnell
Neach-sgrùdaidh an Rìgh